



An Caisteal Seunta



Wes Magee • Val Biro

An Caisteal Seunta



An teacs a Wes Magee
Dealbhan Val Biro
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha dà dhràgon bheag ann, Nesta agus Ned.
Aon là sgèith iad air falbh a chluich
aig a' Chaisteal Sheunta.



Bha tòrr dhamhan-allaidh
a' dèanamh lìon aig a' Chaisteal Sheunta.
Bha ialtagan mòra ann cuideachd.
“Nach e an caisteal seo a tha eagalach!”
thuirt Ned.



Leum Nesta far tùr mòr.
Sgèith i sìos gu talamh.
An uair sin sgèith Ned far an tùir.
Chaidh e sìos, sìos, sìos.
SNAG!



Sgèith Nesta agus Ned thairis air balla.

“Is toil leamsa an Caisteal Seunta,”

thuirt Nesta.

“Is toil leamsa e cuideachd,” thuirt Ned.



Chunnaic Nesta uinneag anns an tùr.
Bha an uinneag fosgailte.
“Nach tèid sinn a-steach dhan Chaisteal
Sheunta?” thuirt Nesta.



Sgèith Nesta agus Ned a-steach dhan
Chaisteal Sheunta.

Thàinig Ned a-nuas air leabaidh mhòir.
SNAG!

Bha an Dràgon Mòr Dona an sin anns an
leabaidh.



Bha an Dràgon Mòr Dona uabhasach
crosta.

“Ithidh mi sibh!”

thuirt an Dràgon Mòr Dona.



“Stad!” dh’èigh Ned. “Stad!”

Sgèith Ned thairis air an leabaidh.

Sgèith Nesta thairis air an leabaidh.

Sgèith an Dràgon Mòr Dona
thairis air an leabaidh.



Sgèith Nesta agus Ned a-mach tron uinneig.
Ach cha b' urrainn dhan Dràgon Mhòr
sgèith a-mach tron uinneig.
Bha e ro mhòr.



Sgèith Nesta agus Ned dhachaigh gu Mamaidh.
Choimhead Mamaidh air Nesta agus Ned.
Bha i uabhasach crosta.



“A-steach dhan amar sibh,” thuir Mamaidh.
Leum Nesta agus Ned dhan amar.
SPLAIS!